

Achd nan Sgoiltean (Co-chomhairleachadh) (Alba) 2010

Aithisg le Foghlam Alba a' dèiligeadh ri taobhan foghlaim den mholadh aig Comhairle na Gàidhealtachd:

- Sgìre-sgoile Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a shuidheachadh airson Bun-sgoil Mhalaig. Bidh an sgìre-sgoile ùr a' gabhail a-steach nan sgìrean-sgoile Beurla a tha ann aig an àm a tha an làthair airson Bun-sgoil Mhalaig, Bun-sgoil Lady Lovat agus Bun-sgoil Àrasaig; agus
- A' foirmealachadh nan ullachaidhean a tha ann aig an àm a tha an làthair a thaobh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ann an Àrd-sgoil Mhalaig, far am bi an sgìre-sgoile airson Àrd-sgoil Mhalaig a' gabhail a-steach Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus na Beurla.

An Cèitean 2019

1. Ro-ràdh

1.1 Tha an aithisg seo bho Foghlam Alba air a bhith air a h-ullachadh le Luchd-sgrùdaidh na Banrigh airson Foghlam (Luchd-sgrùdaidh na Banrigh) a rèir teirmean [Ahd nan Sgoiltean \(Co-chomhairleachadh\) \(Alba\) 2010](#) (“Ahd 2010”). Is e adhbhar na h-aithisg beachdachadh neo-eisimeileach agus neo-phàirteach a thoirt air moladh Chomhairle na Gàidhealtachd sgìrean-sgoile Foghlam Meadhan Gàidhlig (FMG) a shuidheachadh airson Bun-sgoil Mhalaig agus Àrd-sgoil Mhalaig. Tha Earrann 2 den aithisg a’ cur an cèill mion-fhiosrachadh mun phròiseas co-chomhairleachaidh. Tha Earrann 3 den aithisg a’ cur an cèill beachdachadh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh air taobhan foghlaim a’ mholaidh, a’ gabhail a-steach beachdan cudromach a chuireadh an cèill le luchd-co-chomhairleachaidh. Tha Earrann 4 a’ toirt geàrr-chunntas air sealladh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh san fharsaingeachd. Air dhaibh an aithisg seo fhaighinn, tha an Ahd a’ cur riathanas air a’ chomhairle beachdachadh air agus an uair sin aithisg co-homhairleachaidh dheireannach ullachadh. Bu chòir do dh’aithisg co-chomhairleachaidh dheireannach na comhairle a bhith a’ gabhail a-steach na h-aithisg seo agus feumaidh mìneachadh a bhith innte mar, ann a bhith a’ crìochnachadh na h-aithisg, a thathar air a’ chiad aithisg a lèirmheasadh a’ gabhail a-steach geàrr-chunntas de phuingean a chaidh a thogail tron phròiseas co-chomhairleachaidh agus freagairt na comhairle dhaibh. Feumaidh a’ chomhairle an aithisg co-chomhairleachaidh dheireannach fhoillseachadh trì seachdainean mus tig iad chun a’ cho-dhùnaidh dheireannaich. Far a bheil comhairle a’ moladh sgoil a dhùnadh, feumaidh iad na dleastanasan reachdail a leantainn a tha air an cur an cèill ann an Ahd 2010, a’ gabhail a-steach a bhith a’ toirt fios do na Ministearan taobh a-staigh sia làithean obrach an dèidh a thighinn chun a’ cho-dhùnaidh dheireannaich agus a’ mìneachadh do cho-chomhairlichean an cothrom a tha aca airson riochdachaidhean a dhèanamh gu na Ministearan.

1.2 Bheachdaich Luchd-sgrùdaidh na Banrigh air:

- na builean a dh’fhaodadh a bhith an lùib a’ mholaidh do chlann agus daoine òga nan sgoiltean; luchd-cleachdaidh sam bith eile; clann agus daoine òga a dh’fhaodadh a bhith nan sgoilearan taobh a-staigh dà bhliadhna bho cheann-là foillseachaidh a’ phàipeir molaidh; agus clann agus daoine òga eile ann an sgìre na Comhairle;
- builean sam bith eile a dh’fhaodadh a bhith an cois a’ mholaidh;
- mar a tha a’ chomhairle am beachd droch bhuilean sam bith a dh’fhaodadh èirigh bhon mholadh a lùghdachadh no a sheachnadh; agus
- na buannachdan foghlaim a tha a’ chomhairle dhen beachd a thigeadh mar thoradh air a bhith a’ cur a’ mholaidh an sàs, agus adhbharan na comhairle airson a bhith a’ tighinn gu na beachdan sin.

1.3 Ann a bhith ag ullachadh na h-aithisg seo, ghabh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh na gnìomhan a leanas os làimh:

- beachdachadh air na sgrìobhaidhean iomchaidh air fad a thug a’ chomhairle seachad an co-bhoinn ris a’ mholadh, gu sònraichte an aithris mu buannachdan foghlaim agus sgrìobhainnean co-chomhairleachaidh co-cheangailte, tagraidhean air an sgrìobhadh agus air an labhairt bho phàrantan agus feadhainn eile; agus

- cuairtean gu Bun-sgoil Mhalaig, Bun-sgoil Lady Lovat, Bun-sgoil Àrasaig agus Àrd-sgoil Mhalaig a dh'ìarr conaltradh a chumail le luchd-co-chomhairleachaidh iomchaidh.

2. Am Pròiseas Co-chomhairleachaidh

2.1 Ghabh Comhairle na Gàidhealtachd a' cho-chomhairleachadh air a mholadh (mholaidhean) os làimh a thaobh [Achd nan Sgoiltean \(Co-chomhairleachadh\) \(Alba\) 2010](#).

2.2 Ghabh am pròiseas co-chomhairleachaidh àite bho 4 Gearran 2019 agus thig e gu ceann air 22 Màrt 2019. Rè an ama sin, chùm a' chomhairle coinneamh phoblach ann am Bun-sgoil Mhalaig. Bha aon neach bhon phoball an làthair. Chaidh fiosrachadh a chur dha na pàipearan ionadail agus air seirbheisean air-loidhne na comhairle. Chaidh innse do cho-chomhairlichean reachdail, a' gabhail a-steach phàrantan/luchd-cùraim, clann, luchd-obrach agus Bòrd na Gàidhlig mun cho-chomhairleachadh. Dh'fhoillsich a' chomhairle pàipearan mun cho-chomhairleachadh air a làrach-lìn. Sgaoil iad pàipearan cuideachd gu làn raon de luchd-ùidh agus feadhainn le sùim sa chùis. Chuir a' chomhairle ullachaidhean freagarrach nan àite gus cothrom a thoirt do fheadhainn le ùidh freagairt don mholadh, ann an riochd eileagtronaigeach no ann an sgrìobhadh. Cha deach freagairtean sgrìobhte idir fhaighinn. Cha tàinig freagairt bho Bhòrd na Gàidhlig.

3. Taobhan foghlaim a' mholaidh

3.1 Tha moladh Chomhairle na Gàidhealtachd a' toirt freagairt do reachdas, a tha a' gabhail a-steach a bhith a' suidheachadh sgìrean-sgoile airson solar FMG. Bha an luchd-co-chomhairleachaidh taiceil dhan mholadh. Bha mòran ag aithneachadh gun robh am moladh a' cur nan ullachaidhean a bha ann a-cheana air stèidh fhoirmeil. Bha tuigse ann carson nach robh àiteachan a bha air leth iomallach taobh a-staigh na sgìre-sgoile a bhathar a' moladh airson FMG. Bha beagan luchd-co-chomhairleachaidh iomagaineach mu shàbhailteachd chloinne òga a bhiodh a' siubhal air busaichean. Bha feadhainn eile ga mheas cudromach gun toireadh aithisg dheireannach na comhairle soilleireachadh air modhan-obrach a thaobh adhartachadh riaghailteach air FMG ann am Bun-sgoil Mhalaig agus Àrd-sgoil Mhalaig. Bha iad a' faireachdainn gun toireadh seo taic ann a bhith a' toirt nan làn bhuannachdan foghlaim gu buil, nan deigheadh gabhail ris na molaidhean.

3.2 Bha àireamh bheag de luchd-co-chomhairleachaidh a' faireachdainn gum biodh e feumail mapa a bhith ann a bhiodh a' sealltainn sgìrean-sgoile FMG, agus sgìrean ainmichte FMG thar taobh siar na Gàidhealtachd. Bheireadh seo soilleireachadh mu sgìrean aig crìochan, agus taic le bhith a' tabhann foir-shealladh air mar a bha sgìrean-sgoile FMG a' tighinn ri chèile thar raon nas fharsainghe. Tha sinn cuideachd air aontachadh ris a' chomhairle gun ceartaich iad an tìotal air a' mhapa ann am Pàipear-taic 2 den phàipear-molaidh aca.

3.3 Bu chòir do dh'aithris na comhairle mu bhuannachdan foghlaim a' mholaidh seo a bhith nas pongail mu fhiosrachadh nas mionaidiche co-cheangailte ri buannachdan a' mholaidh seo.

4. Geàrr-chunntas

San fharsaingeachd, tha moladh na comhairle na bhuannachd foghlaim do chlann agus phàrantan leis gu bheil e a' meudachadh cothrom air FMG. Tha beagan uallachaidhean ann ris am feum a' chomhairle dèiligeadh ann an toirt a' mholaidh air adhart, mar a tha air a mhineachadh ann an earrann a trì den aithisg seo. Bu chòir dhaibh fiosrachadh nas mionaidiche a thoirt mu bhuannachdan foghlaim a' mholaidh seo, a tha sònraichte do FMG san sgìre-sgoile a tha iad a' moladh.

**Luchd-sgrùdaidh na Banrigh
An Cèitean 2019**